



https://www.go-to-the-future.eu/Modules/fiches/images/logo-pdf.jpg

Image not found

092055download.jpg Fichiers/fiches/medium/092055download.jpg

Tormod Caimbeul – Tormod A’ Bhocsair

13 - Eachdraidh - Eachdraidh

Rugadh Tormod Caimbeul, no Tormod a’ Bhocsair mar a b’ fheàrr a dh’aithnichear e, ann an Dail bho Dheas, Nis, an Eilean Leòdhais ann an 1942. Bhuinneadh e do theaghlach de sgrìobhadairean; bha athair, (Am Bocsair) agus bràthair athar (Am Puilean) le chèile nam bàird.

Bhàsaich athair Thormoid is e gu math òg ach tha cuimhne aig Tormod air na sgeulachdan a bhiodh e ag innse dha. Thug a mhàthair cuideachd buaidh mhòr air sgrìobhadh Thormoid leis an ùidh 's an t-eòlas a bh' aice air daoine agus beatha làitheil na sgìre.

B' e glè bheag de sgrìobhaidhean Gàidhlig a bha ri fhaighinn nuair a bha Tormod fhèin san sgoil agus thug seo buaidh air cuideachd, ged nach robh e fhèin cho mothachail air aig an àm.

B' ann nuair a bha e an Oilthigh Dhùn Èideann a thòisich e a' sgrìobhadh airson a' chiad uair. Sgrìobh e bàrdachd Ghàidhlig a chaidh fhoillseachadh san ràitheachan Gàidhlig, Gairm. Thug seo misneachd dha leantainn air adhart le chuid sgrìobhadh. Bha e soirbheachail leis an stuth a sgrìobh e do phrògram teilidh chloinne, a bha ag amas air cloinn eadar ochd is ceithir bliadhna deug, air an robh Cò Iad?

Bha sgrìobhadh a' còrdadh ris gu mòr; bha liut aige ann a bhith a' cluich le facail is fuaimean gus sgrìobhaidhean beothail is eirmseach a chruthachadh.

B' ann ann a bhith a' sgrìobhadh dràma a bu mhotha a bha an ùidh aige. Fhad 's a bha e a' teagasg ann an Sgoil Lìonail, bhiodh e a' sgrìobhadh dhealbhan-cluiche gach bliadhna dha na sgoilearan a bhiodh gu tric a' dol air àrd-ùrlar aig a' Mhòd. Bhiodh e fhèin cuideachd a' gabhail pàirt mar chleasaiche.

Bha Tormod an sàs ann an iomadach gnè sgrìobhaidh, me dealbhan-cluiche, bàrdachd, sgeulachdan goirid, leabhraichean chloinne agus nobhailean. Bha Jelly a' Cho-op am measg nam pìosan a b' ainmeile a sgrìobh e is e air aithris leis an nighinn aige, Catrìona Lexy, aig a' Mhòd ann an Steòrnabhagh ann an 1989, nuair nach robh i ach còig bliadhna a dh'aois. Choisinn i an fharpais leis is dh'aithnichear i mar rionnag a' Mhòid leis cho math 's a libhrig i sgeulachd èibhinn a h-athar.

A bharrachd air na sgrìobh e fhèin, dh'eadar-theangaich e iomadach leabhar ainmeil chloinne dhan Ghàidhlig; An Gruffalo, A' Chàparaid agus Nòra (a' Chremòla) am measg an fheadhainn as ainmeile. Tha a chuid bhriathrachais, mhodhan-cainnte is ghnàthsan-cainnte nan tlachd do shean is òg.

Bha an ùidh a bh' aige ann an daoine, àiteachan is beul-aithris ri fhaicinn anns a' chruinneachadh a rinn e de phìosan bàrdachd is rabhdan san leabhar, Air do bhonnagan a ghaoil. Ghabh e saothair mhòr ris an taghadh seo gus am biodh e na thogail-inntinn do na h-uile.

A bharrachd air a bhith na sgrìobhaiche iomraiteach, bha iomadach nì eile anns an robh e a' gabhail tlachd;

bha e garbh dèidheil air ballachan-cloiche a thogail agus tha grunn dhiubh sin timcheall air an taigh aige ann an Dail.

Bha triùir de theaghlach aige fhèin is a bhean, **Màiri Sìne: Catriona Lexy** a lean a h-athair ann an saoghal sgrìobhaidh is dràma, **Seòras**, a tha na fhear-ciùil agus **Dòmhnall Alasdair**, a tha ag obair sna meadhanan ach an lùib ciùil cuideachd.

Bhàsaich Tormod le aillse sa Chèitean, 2015, aig aois 72. Chaidh an leabhar mu dheireadh aige, Sgeulachdan sa Chiaradh, cruinneachadh de sgeulachdan goirid, fhoillseachadh na b' anmoiche air a' mhìos sin.

Loidhne-tìm

Frise

Image not found

https://www.go-to-the-future.eu/Fichiers/frises/092042frise_13_ga.png

Geamannan

Gnìomhan

1. 'S urrainn dhomh mo theacsa fhìn a sgrìobhadh, stèidhichte air stoidhle sgrìobhaidh Thormoid.
2. Sgrìobhaidh mi teacsa bho thùs, stèidhichte air aon de phìosan sgrìobhaidh Thormoid Chaimbeil. Cuimhnich air: Còmhach an leabhair, agus an duilleag-cùil le tuairisgeul.

Image not found
<https://www.go-to-the-future.eu/Modules/fiches/images/footer-pdf.png>

